

**Seo na prìomh theachdaireachdan a thaobh taic dhan Ghàidhlig a bhios sinn a' brosnachadh:**

1. Ag aithneachadh gu bheil slàinte is beothalachd cultaran dùthchasach na h-Alba a' beartachadh na dùthcha.
2. A' toirt stòrasan iomchaidh do leasachadh na Gàidhlig.
3. Taic airson a bhith a' buileachadh Plana Nàiseanta leantainneach airson na Gàidhlig.
4. Feuchainn ri Ath-sgrùdadh fhaighinn air Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 gus coimhead air mar a ghabhadh a neartachadh gus adhartas a nochdadh, agus gus a dèanamh nas fhreagarraiche airson dèiligeadh ri dùbhlain san àm ri teachd.
5. Feuchainn ri dhèanamh cinnteach gu bheil gach moladh poileasaidh aig Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh agus a' toirt iomradh air cultar Gàidhlig na h-Alba.
6. Cumail taic ris na coimhearsnachdan Gàidhlig sna h-eileanan agus sgìrean dùthchail; agus dhan fheadhainn ann an sgìrean bailteil.
7. Cumail taic ri leasachadh a bharrachd air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus a bhith ag aithneachadh nam buannachdan bho bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig.
8. Dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig gach coimhearsnachd air àiteachan, gnìomhachdan agus tachartasan far a bheil cleachdadh na Gàidhlig na àbhaist.
9. Cumail taic ris a' Ghàidhlig mar stòras eaconamach airson na h-Alba, a' brosnachadh turasachd, a' cruthachadh chothroman obrach agus a' toirt chothroman do dh'òigridh a bhith a' togail chùrsaichean-dreuchd leis a' Ghàidhlig.
10. Nuair a thathar a' dealbhadh poileasaidhean a thaobh iomadachd is co-ionannachd, dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig agus a cultar daonnan mar phàirt de seo.

Tha puingeann buntainneach ann an **Eàrr-ràdh A** a tha a' cumail taic ris na rudan gu h-àrd.

**Ro-ràdh**

Is e amas a' phàipeir seo cuid de phrìomh cho-theacsan a' chànain a shoillseachadh, a dh'fhaodadh barrachd tuigse a bhrosnachadh rè lomairt Taghaidh na h-Alba ann an 2021.

**Carson a tha Gàidhlig cudromach - beagan fianais air cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig.**

a) Tha a' Ghàidhlig ga bruidhinn air feadh na h-Alba.

- Tha mu 50% de luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan agus tha a' chòrr a' fuireach sa chòrr de dh'Alba.
- Tha an àireamh sa chiad as àirde de luchd-labhairt na Gàidhlig anns na coimhearsnachdan eileanach is dùthchail ann an taobh an iar na dùthcha.

b) Tha òigridh fìor thaiceil dhan chànain.

- Sheall suirbhìdh a rinn [YoungScot](#) am-bliadhna gu bheil mu dhà thrìan den luchd-freagairt (66.8%) den bheachd gu bheil cultar agus dualchas na Gàidhlig luachmhor, agus thuirt dà thrìan de luchd-freagairt gu bheil iad den bheachd gu bheil a' Ghàidhlig fhèin fìor luachmhor.
- Is iad na h-adhbharan as cumanta aig òigridh a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig airson ùidh a bhith aca sa chànain gu bheil iad ag iarraidh barrachd ionnsachadh mu cheòl agus litreachas na Gàidhlig.
- Tha luchd-freagairt a tha fileanta sa Ghàidhlig airson barrachd susbaint fhaighinn sa Ghàidhlig as urrainn dhaibh cleachdadh nam beatha làitheil - seach susbaint mu bhith ag ionnsachadh a' chànain. Bu toil leotha barrachd fiosrachaidh fhaighinn sa Ghàidhlig mu ghnòthaichean làitheil, naidheachd agus poileataigs.

c) Tha ùidh ann a bhith ag ionnsachadh a' chànain a' fàs gu luath mar a chithear anns na cothroman ionnsachaidh bhìortail agus sna meadhanan sòisealta.

- Staitistearachd LearnGaelic: Dh'fhàs Tadhalan Làraich 23% eadar an t-Samhain 2019 agus 2020 (air àrdachadh gu 118k san t-Samhain 2020) agus tha seallaidhean duilleig a-nis aig 281k (àrdachadh bliadhna de 9% bhon t-Samhain 2019).
- Tha an Ìre Com-pàirteachais air Instagram gu math brosnachail aig 11% ('s e 3-4% an ìre chuibheasach).
- Tha Duolingo air a bhith air leth fhèin soirbheachail le faisg air 600k daoine a' gabhail pàirt agus le 500k ga chleachdadh gu gnìomhach. Thathar a' cur ris na goireasan ionnsachaidh agus thathar ag obair air stuthan cùrsa ùra.
- Tha LearnGaelic air clàradh cuideachadh gu bheil com-pàirteachadh nach beag ann bho dhaoine taobh a-muigh na h-Alba, m.e tadhalan air an làraich bho na dùthchannan a leanas – Na Stàitean Aonaichte 18%, Canada 7% agus a' Ghearmailt 2%.

**Cò eile a tha taiceil dhan chànain?**

d) Tha ùidh sa chànain a' toirt buaidh air an ìomhaigh eadar-nàiseanta aice.

- Tha VisitScotland air a' chiad *Ro-innleachd Turasachd Gàidhlig* fhoillseachadh oir chomharraich iad tron t-Suirbhìdh Luchd-tadhail chunbhalach aca gun robh mun treas cuid de luchd-tadhail do dh'Alba airson barrachd fhaighinn a-mach mun Ghàidhlig.
- Tha còrr is 350k seallaidhean air a bhith aig a' bhidio **Scottish Gaelic Explained** aig VisitScotland (is e 5k an àireamh chuibheasach aig bhidiothan VisitScotland). Chaidh luchd-cleachdaidh, luchd-cleachdaidh ùra, agus seiseanan uile am meud mu 150% bho 2017 gu 2018 le 4 a-mach à 5 luchd-tadhail a choimhead air susbaint Gàidhlig a' tighinn bho thaobh a-muigh



na RA (a bharrachd air seo bha an luchd-amhairc nas òige na a' chuibheasach - 43% fo aois 35).

e) Tha a' mhòr-chuid de mhuinntir na h-Alba a' nochdadh deagh rùn dhan Ghàidhlig, mar a chithear ann an suirbhidhean air beachdan a' phobaill (m.e. Attitudes Towards the Gaelic Language, 2012). Tha rannsachadh air taic phoblach làidir a shealltainn airson glèidheadh is ath-bheothachadh na Gàidhlig. Tha 81% de dhaoine den bheachd nach bu chòir leigeil le Alba a traidiseanan Gàidhlig a chall, tha 70% den bheachd gum bu chòir barrachd chothroman a bhith ann airson a' Ghàidhlig ionnsachadh, tha 65% den bheachd gum bu chòir barrachd a dhèanamh gus a' Ghàidhlig a bhrosnachadh agus tha 53% airson 's gum bi Gàidhlig air a cleachdadh barrachd ann am beatha làitheil.

f) Tha an cànan a' toirt deagh bhuaidh air eaconamaidh na h-Alba - sheall rannsachadh a rinn [Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean](#), ann an co-bhann ri Bòrd na Gàidhlig ann an 2014 gum faodadh luach eaconamach na Gàidhlig mar stòras ann an eaconamaidh na h-Alba a bhith eadar £82M agus £149M.

**g) Càite a bheil i - beagan fianais a thaobh co-theacsa nàiseanta a' chàin.**

- Tha diofar choimhearsnachdan luchd-labhairt ann – an fheadhainn anns na h-eileanan is sgìrean dùthchail; an fheadhainn ann am bailtean mòra is cathair-bhailtean; agus an fheadhainn a tha ceangailte le meadhanan is teicneòlas. Tha an teachdaireachd seo làidir anns a' Phlana Nàiseanta làithreach, agus bu chòir na ro-innleachdan aghaidh a chur air feumalachdan nan diofar choimhearsnachdan.
- Tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG) a' fàs air feadh na dùthcha agus tha e ri fhaighinn ann an 15 de na 32 Ùghdarrasan Ionadail ann an Alba a-nis. Tha 1 Àrd-sgoil FtG ann an Glaschu cho math ri 3 bun-sgoiltean FtG (le 4mh bun-sgoil aig ìre planaidh) agus 3 bun-sgoiltean FtG. Tha Dùn Èideann a-nis a' co-chomhairleachadh air a' chiad Àrd-sgoil FtG anns a' bhaile. Tha Comhairle nan Eilean Siar a' cruthachadh ro-bheachd gun tèid clann a-steach gu BS1 ann am FtG mur a co-dhùin pàrantan foghlam tron Bheurla a thaghadh. Thòisich Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann an 1985 le 14 sgoilearan sa bhun-sgoil agus tha 5,600 sgoilearan san roinn a-nis thairis air foghlam Tràth-bhliadhnaichean, Bun-sgoile is Àrd-sgoile.
- Tha a' Ghàidhlig a' sìor fhàs nas fhaicsinniche agus nas beothaile air feadh na h-Alba le còrr is 60 planaichean Gàidhlig a-nis ann a tha a' buntainn ri grunn cho-theacsan is bhuidhnean, a' gabhail a-steach mar eisimpleir, Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba, Alba Chruthachail, Poileas Alba agus 24 Ùghdarrasan Ionadail.

h) Tha làthaireachd na Gàidhlig anns na meadhanan a' fàs gach bliadhna Bithear a' coimhead air MG ALBA air feadh na h-Alba – bidh còrr is 10% de mhuinntir na h-Alba a' coimhead air BBC ALBA gach seachdain. A bharrachd air seo, tha Radio nan Gàidheal a' toirt seachad seirbheis craolaidh coileanta làitheil. Chaidh MG ALBA a stèidheachadh fo Achd a' Chonaltraidh 2003 gus craoladh Gàidhlig àrd-inbhe a thoirt seachad. Fhuair measadh buaidh eaconamach a-mach gun robh MG ALBA air 290 obraichean FTE a chruthachadh. Às a seo, tha mu 100 dreuchd stèidhichte sna h-Eileanan Siar agus san Eilean Sgitheanach le tuarastal nas àirde na cuibheas na sgìre. Tha anailis bho chionn ghoirid air sealltainn gun robh luach £8 millean aig an t-susbaint eadar-nàiseanta aige sa cheithir bliadhna mu dheireadh (25/02/20).



- i) Bidh Bòrd na Gàidhlig a’ cumail taic ri leasachadh air feadh na h-Alba, tro Phlanaichean Cànanan as motha. Bidh e cuideachd a’ toirt seachad maoineachadh airson pròiseactan leasachaidh, sa gheàrr-ùine agus san fhad-ùine agus ann an 2020-21, bha am maoineachadh a chaidh a thoirt seachad mar a leanas:

Roinn	Taic aontaichte 2020/21	Àireamh nam pròiseactan 2020/21	Taic aontaichte 2019/20	Àireamh nam pròiseactan 2019/20
Eileanan Siar	£1,390,274	55	£874,459	35
Comhairle na Gàidhealtachd	£1,305,147	81	£937,624	80
Glaschu	£688,851	39	£651,789	43
Earra-Ghàidheal is Bòid	£390,893	24	£344,787	19
Dùn Èideann	£157,628	17	£201,730	17

Bidh Bòrd na Gàidhlig a’ faighinn mu 20% den Bhuidseat Gàidhlig aig Riaghaltas na h-Alba. Tha MG ALBA, Foghlam (Calpa agus Teachd a-steach) agus pròiseactan eile air am maoineachadh leis a’ chòrr.

